

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

SABHAL MÒR OSTAIG A' CUR FÀILTE AIR LUCHD-EALAIN ÙRA

01 An Dàmhair 2009

Tha Sabhal Mòr Ostaig air Sgeama Luchd-Ealain na Colaiste a chur air chois airson a' bhliadhna ri thighinn agus air na ceathrar a bhios a' gabhail pàirt ann ainmeachadh. Bidh Rody Gorman na dhreuchd Sgrìobhadair na Colaiste, tha Ailean MacEanraig air fhadhadh mar Neach-ciùil na Colaiste agus bidh Dr Gill Russell agus Dr Norman Shaw a' togail air obair na h-Ealain Lèirsinneachd aig a' Cholaiste.

Tha na h-obraichean, a th' air am maoinneachadh le Comhairle na h-Ealain Alba agus Sabhal Mòr Ostaig agus le taic bho Acadamaidh Rìoghail na h-Ealain an Alba (RSA), a' togail air an sealladh farsaing a th' aig a' Cholaiste air na h-ealain, le bhith a' tarraing na trì raointean sònraichte còmhla agus a' toirt cothrom air co-obrachadh ann an suidheachadh beartach, brìghmhor, ealanta.

'S ann o chionn treis a thòisich an sgeama luchd-ealain aig a' Cholaiste, nuair a chaidh obair Sgrìobhadair na Colaiste a chruthachadh le na chiad Urrasairean mar aithneachadh air an àite chudromach a bh' aig na h-ealain do leasachadh is brosnachadh a' chànain is a cultair.

Tha iomadh sgrìobhadair Gàidhlig an Alba air pàirt a ghabhail agus buaidh a thoirt air an obair chudromach seo on uair sin. Nam measg am bàrd sònraichte ainmeil, Somhairle MacGilleathain, agus e fhèin air buaidh mhòr a thoirt air iomadh sgrìobhadair, bàrd agus neach-ealain air feadh an t-saoghail, aonan dhiubh Seumas Heaney a choisinn an duais Nobel. Thàinig Heaney gu Sabhal Mòr Ostaig air a' chuairt aige gu Hallaig air Eilean Ratharsair, baile aithnichte ann am bàrdachd MhicGilleathain.

Tha cuid de na sgrìobhadairean is bàrd as aithnichte ann an saoghal na Gàidhlig an Alba cuideachd air obair Sgrìobhadair na Colaiste a ghabhail, nam measg Aonghas MacNeacail, Aonghas Padraig Caimbeul agus Alasdair Caimbeul (Alasdair a' Bhocsair), is iad fhèin air a' cur gu mòr ri beartas litreachas na h-Alba.

Chaidh obair Neach-ciùil na Colaiste a chur air bhonn o chionn bliadhna no dhà nuair a ghabh Iain Dòmhnallach às Gleann Ùige an obair os làimhe agus o chionn ghoirid thug Comhairle na h-Ealain Alba taic don Cholaiste obair na h-Ealain Lèirsinneachd a chur ris an Sgeama mar a tha e an-diugh.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Thuir Donnie Rothach, Stiùiriche Leasachaidh na Colaiste: “Tha Sabhal Mòr Ostaig fada an comain Comhairle na h-Ealain Alba agus an RSA airson an cuid taic an sgeama ùr chruthachail seo a chur air adhart. Thathar ag aithneachadh o chionn fhada an àite a th’ aig sgrìobhadairean, seinneadairean agus luchd-ciùil don chànan is don chultar, ach tha àite na h-ealain agus cultar lèirsinneach ri dhaingneachadh fhathast. ‘S ann air thoradh air sin gu bheil e dha-rìreabh math gu bheil Comhairle na h-Ealain Alba agus Urrasairean an t-Sabhail Mhòir air ceum a ghabhail na h-ealain lèirsinneach a bhrosnachadh ann am beatha na Colaiste, fo bhuidh cànan, cultar agus dualchas nan Gàidheal.

B’ e dithis a ghabh obair na h-ealain lèirsinneachd aig a’ Cholaiste an-uiridh; am fear òg le Gàidhlig Eòghan Mac Colla, a chaidh a mholadh airson duais mhòr Eòrpach agus an tè ainmeil Kate Whiteford bhon RSA. Tha an dithis air an obair aca a thaisbeanadh gu soirbheachail aig an RSA ann an Dùn Èideann on uair sin agus pìosan a rinn iad fhads a bha aig a’ Cholaiste nam measg.

Mairidh na h-obraichean uile air an Sgeama airson bliadhna.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



SABHAL MÒR OSTAIG WELCOMES NEW ARTISTS IN RESIDENCE

01 October 2009

Sabhal Mòr Ostaig is delighted to announce that this year's Artists in Residence programme is now under way, following the recent appointments of, Writer in Residence, Rody Gorman, Musician in Residence, Allan Henderson and Visual Artists in Residence, Dr Gill Russell and Dr Norman Shaw.

The posts, funded by the Scottish Arts Council and Sabhal Mòr Ostaig, with in-kind support from the Royal Scottish Academy of Art (RSA) in Edinburgh, represent an holistic approach to arts development at the College, through bringing the three disciplines together and creating the opportunity for 'cross art form' collaborations within an immersed, language rich, new media environment.

The artist's residency programme has its origins in Sabhal Mòr's earliest days, when a Writer in Residence programme was first instigated by the founding Trustees in recognition of the important role which they believed the arts had to play in the revival and regeneration of the language and culture.

Many of the Scotland's leading Gaelic writers have subsequently brought their work and influence to bear on these important residencies. Chief amongst them was the hugely influential international poet, Sorley Maclean, whose work informed and inspired successive generations of writers, poets and artists throughout the world, including the great Irish, Noble Prize Winning writer, Seumas Heaney, who attended a special event at Sabhal Mòr Ostaig during his visit to Hallaig on Raasay, the setting one of Maclean's great epic poems.

Some of Scotland's most influential contemporary Gaelic poets and writers, including [Aonghas MacNeacail](#), Angus Peter Campbell and Alasdair Campbell (Alasdair a' Bhocsair) amongst others, have also featured amongst the list of names of former Writers in Residence at Sabhal Mòr, who have gone on to contribute significantly to the canon of Scottish literature.

The post of Musician in Residence was established a number of years ago, when Piper, Iain MacDonald of Genuig took up the position and more recently the Scottish Arts Council agreed to support a Visual Artist in Residence post, thereby consolidating what has become a joint Artists in Residence Programme at the College.

SMO Director of Development, Donnie Munro said: "Sabhal Mòr Ostaig is delighted to receive the support of the Scottish Arts Council and the RSA for this innovative residency

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



programme. While the central position occupied by writers, musicians and singers, within the wider context of the language and the culture, has long been understood, the role of the visual arts and our visual culture has perhaps been less well recognised. For that reason, it is particularly gratifying that the SAC and the Trustees of SMO have made provision for the tentative development of a visual arts footprint within the cultural life of Sabhal Mòr Ostaig, influenced and informed by the language, culture and environment of the Gael.”

Last year’s visual arts residency was split between two distinguished artists, the young, Gaelic speaking Scottish painter, Eòghann Mac Colla, whose work was nominated for a major European Prize and the internationally renowned artist, Kate Whiteford, RSA. Both artists have subsequently held hugely successful exhibitions at the Royal Scottish Academy in Edinburgh, featuring work from their residency.

The current posts run for a year.